

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Taigh-òsta Royal, an t-Òban

Diciadain 14 Dàmhair 2015, 1300-1500

Buill: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Donaidh MacAmhlaidh Alasdair MacCaluim

An Làthair: Magaidh Choineagan

Luchd-obrach Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*) Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)

Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaидh*) Eilean Green (*Oifigear Leasachaидh*)

1. Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh.

2. Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: Diardaoin 13 Lùnastal 2015

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Fo-thiotalan

Chaidh bruidhinn air poileasaidh nam fo-thiotalan agus an dleastanas a tha a' tighinn bho Ofcom. Chaidh innse gum biodh goireas a dhìth gus na prògraman a tha san tasglann aig MG ALBA a dhèanamh deiseil airson ath-chraoladh, agus gun robh a' chiad mheasadh air cosgais a' tighinn gu £160k thairis air là bhliadhna. Bhruiddhinn a' Chomataidh mu na h-adhbharan a bhiodh cosgaisean a' tuiteam air MG ALBA agus bha Buill den bheachd gur e cosgais a tha seo a bha a' tighinn fo uallaichean craolaidh agus a bu chòir a bhith air a ghiùlain leis a' chraoladair. A thuilleadh, bha ceist aig a' Chomataidh an robh an craoladair ann an uidheachadh nas fheàrr airson an obair a choileanadh air cosgais nas ìse.

Dh'aontaich a' Chomataidh nach bu chòir co-dhùnad a dhèanamh air cò bhiodh a' giùlain nan cosgaisean gun a bhith a' coimhead air luach an airgid san fhad-ùine agus an obair a bhiodh a dhìth co-dhiù airson tasglann na meadhanan Gàidhlig a chuir gu cruth didseatach. Thuirt a'

Chomataidh nach bu chòir an obair a tha seo a bhith a' cur bacadh sam bith air a' chlàr phrògraman. Bidh manaidsearan MG ALBA a' coinneachadh ris a' BhBC mu dheidhinn air 31/10/205 gus fuasgladh a ruighinn.

Sgeama Peinnsein

Chaidh crìoch a chuir air na h-atharraichean a bha a dhìth airson an sgeama peinnsein a dhèanamh coileanta fo riaghailtean 'Auto Enrolment'.

5. Plana Leantainneach Ghnothaich

Bha a' Phlana Leantainneach Ghnothaich (BCP) air beulaibh Bhall is chaidh bruidhinn air moladh 3 agus 8, agus gu sònraichte a' phuing seo:

"For security reasons, the contact list will not be distributed, but will be contained in the Master Pack, for distribution in the event of an incident."

Dh'aontaich a' Chomataidh gu feumadh barrachd na aon lethbhreac den liosta seo a bhith air a ghleidheadh ann an diofar àiteachean gus am biodh e furasta an lorg ann an èiginn.

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an Stiùiriche Obrachaidh agus an sgioba airson aithisg cho coileanta a sgrìobhadh agus tha a' Chomataidh a' coimhead air adhart ris a' chuspair fhaicinn air clàr-obrach na Comataidh a-rithist san Dàmhair 2016 [[Gniomh MAMI](#)].

6. Cuir-an-cèill Ro-innleachd IT

Chaidh bruidhinn air a' phàipear a bha air beulaibh bhall ach cha robh na Buill airson a bhith ann an cabhag tighinn gu co-dhùnadh. Chaidh aontachadh gu feumar sùil nas mionaidiche a thoirt air dè an taic a bha a dhìth bho taobh a-staigh agus bho taobh a-muigh na buidhne. Tha a' Chomataidh airson 's gun tèid ath-sgrùudadh a dhèanamh air na goireasan a th'ann mar-thà agus nas urrainnear a dhèanamh leotha, agus gun tèid coimhid cuideachd air trèanadh airson an luchd-obrach a th' ann mar-thà mus tèid duine sam bith eile fhastadh.

Mhol a' Chomataidh gum bu chòir ro-innleachd a bhith ann a tha a' planadh airson 2017 a thuilleadh air 2016. Thèid an ro-innleachd seo fhighe a-staigh dhan Phlana Obrachaidh agus thig a' chuspair air ais dhan Chomataidh ann an 2016 [[Gniomh NG/CMD](#)].

7. Plana Obrachaidh/Ionmhasail 2016/17

Chaidh innse gun robhas a' feitheamh fhathast air brath bhon BhBC an robh iad air soirbheachadh le tagradh airson barrachd maoin airson 2016/17. Mura biodh, dh'obraicheadh MG ALBA agus am BBC còmhla gus buaidh nan dùbhlan ionmhasail a lùghdachadh. 'S iad an luchd-amhairc am prìomhachas sna co-dhùnaidhean buidseit ach aig an aon àm, bithear a' feuchainn ri bhith a' seachnad call obraichean mas urrainn.

Chaidh bruidhinn mu dheidhinn na 'scenarios' ionmhasail a chaidh a chuir gu Riaghaltas na h-Alba agus air prìomhachasan ro-innleachdail na buidhne a bhiodh gam foillseachadh ann an Lèirsinn 2020, agus an teanntachd a dh'faodadh a bhith ann eadar prìomhachasan geàrr-ùine agus prìomhachasan fad-ùine.

Dh'iarr a' Chomataidh air oifigearan barrachd meòrachadh a dhèanamh air a' bhuaidh a dh'faodadh a bhith aig gearraidean ann an cuid a' ghnèithean phrògraman air ìomhaigh poblach agus èifeachdas na meadhanan Gàidhlig ann an Alba; mas e agus gun tigeadh buidseat gun fhàs bho Riaghaltas na h-Alba [\[Gníomh DC\]](#).

Bha a' Chomataidh cuideachd airson dearbhadh fhaighinn air na dleastanasan a tha Urras a' BhBC a' cur air BBC ALBA. Thèid bruidhinn ris an Urrais mu na thathas a' sùileachadh bhon t-seanail a' dol air adhart [\[Gníomh DC\]](#).

Mhol a' Chomataidh gum bu chòir MG ALBA beachdachadh air co-obrachadh le buidhnean a tha mar-thà an sàs ann an 'digitisation' airson tighinn gu molaidhean mun għluasad a bhiodh riatanach san àm ri teachd bho leabhar-lann theipichean phrògraman gu tasglann didseatach phrògraman [\[Gníomh DC\]](#).

8. Plana Luchd-obrach 2016/17

Chaidh bruidhinn air a' chiad dreach den phlana. Dh'aontaich a' Chomataidh gu feumadh adhbhar ghnothaich a chuir air adhart airson fastadh làn-ùine a dhèanamh air obraichean a tha an-dràsta air an coileanadh le feadhainn a tha ag obair air an ceann fhèin. Dh'fheumadh buaidh air buidseat a shealltainn agus carson a bhiodh luach an airgid nas mothà ann a bhith a' fastadh làn-ùine. Bha na Buill mothachail gu feum goireas agus spionnad bho chuir ri coileanadh Lèirsinn 2020 cuideachd. Bu chòir am plana mìneachadh a dhèanamh cuideachd air mar a tha na manaidsearan a' coimhead air gnothaichean a ruith anns an dòigh as èifeachdaiche.

Bha buill na Comataidh toilichte leis a' mholadh airson àrdachadh bannan-pàighidh de 1% agus buidseat de 1% airson àrdachaidhean taobh a-staigh bannan-pàighidh. Ach a thaobh na 6 obraighean maireannach, dh'aontaichear gun robh argamaidean-gnothaich làidir a dhìth, gu sònraichte nuair a tha e coltach gun tig lùghdachadh air caitheamh airgead phoblach. Nì an Stiùiriche Ionmhais meòrachadh air cosgaisean agus sàbhalaidhean a dh'fhaodadh a bhith an cois àrdachadh luchd-obrach, agus thig an adhbhar gnothaich airson gach nì air ais chun Chomataidh agus chun Bhòrd airson beachd [**Gníomh NG/DC**].

9. IFRS

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' sealltainn mar a bhiodh Cunntasan Reachdail na buidhne a' coimhead fo na h-ìrean International Financial Reporting Standards airson na bliadhna gu 31 Màrt 2016, agus thug an Stiùiriche Ionmhas iomradh air na pìosan a bha fhathast ri obrachadh a-mach, ach chaidh innse nach robh dùil gun atharraicheadh na figearan a bha san aithisg eadar seo is 2016.

10. Measadh Chunnartan

Bha am Measadh Chunnartan air beulaibh Bhall agus chaidh bruidhinn air dòighean ùra airson a bhith a' làimhseachadh nan cunnartan aig coinneamhan na Comataidh. Mhol a' Chomataidh gun deigheadh na cunnartan as mothà agus as cudthromaiche – m.e. a thaobh ionmhais, prògraman, cliù, agus a' cho-bhanntachd – a thogail mu choinneimh na Comataidh aig gach coinneamh ràitheil. Chaidh aontachadh gun tèid coimhead gu dlùth ri gach cunnart mòr agus nach tèid a' mheasadh chunnartan slàn air am beulaibh ach uair sa bhliadhna [**Gníomh NG/DC**].

Chaidh bruidhinn air na cunnartan taobh a-staigh na buidhne agus taobh a-muigh na buidhne: agus 's e taic-airgid bhon taobh a-muigh an cunnart as mothà a bhathas a' faicinn.

11. Plana-obrach bhliadhnailean na Comataidh 2015/16

Bha plana-obrach na Comataidh air beulaibh Bhall agus bhruidhinn an t-Àrd-Oifigear air an dreach ùr a bh' air a' phlana.

Chaidh ceist a thogail mu dè am fòram as fheàrr airson a bhith a' deasbad a' Phlana Obrachaidd Bliadhnailean agus adhartas an aghaidh nan amasan. Chaidh aontachadh gu feumadh a' Phlana Obrachaidd Bliadhnailean a bhith air clàr na Comataidh dà thuras sa bhliadhna airson

coimhead air a' phlana a bhios romhpa agus a' measadh adhartas air amasan a' phlana mu dheireadh.

Thèid deitichean airson gach coinneamh Chomataidh a bhios ann an 2015/16 a chuaireachadh cho luath 's a bhios am Manaidsear Gàidhlig is Gnothaichean Corporra air ais bho làithean-saora [\[Gníomh DC/MA\]](#)

12. GISBE

Cha robh gin.

13. Deit na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail san Fhaoillean air neo 'sa Ghearran 2016 – thèid bruidhinn ri gach ball airson deit a lorg a bhios freagarrach do gach ball den Chomataidh [\[Gníomh DC/MA\]](#).